

**Comataidh Inbhean MG ALBA**

4/11/20, 0900-1200

**Zoom**

Dreach geàrr-chunntas

<b>Buill:</b>	Iain Stephen Moireasdan (sa Chathair)	Màiri Kidd
	Ailean Dòmhnullach	Lisa Annette
	Rhoda NicDhòmhnaill	

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (An t-Àrd-Oifigear)

Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair)

Ealasaid Dhòmhnullach (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)

Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail geàrr-chunntas)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis) [airson puing 6]

**1. Leisgeulan**

1.1 Cha robh gin.

**2 Gnothach Dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 2/10/20**

3.1 Aontaichte.

**4. Gnothaichean ag èirigh**

4.1 Comharraichte.

**5. Plana Sgilean 2021-24**

5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh a mhìneachadh le IMT, ag innse do bhuill na prionnsabalan a tha nan bonn-stèidh air ro-innleachd MG ALBA air sgilean airson 2021-24. B' iad na prìomh phuingean deasbaid:

- 5.2 Bidh am Buidheann Comhairleachaidh Trèanaidh a' comhairleachadh ro-innleachd trèanaidh MG ALBA, a thuilleadh air a bhith a' toirt fiosrachadh agus stiùir a thaobh greisean gnìomhachais Dip HE anns na Meadhanan Gàidhlig aig SMO, a tha MG ALBA a' maoineachadh. Bha deasbad ann mu am bu chòir am ballrachd sin a leudachadh is buidhnean eile a thoirt a steach (m.e. Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) agus Sgrion Alba). Chaidh aontachadh bruidhinn ri Sgrion Alba sa chiad dol a-mach. Tha iad an sàs ann an co-chomhairleachadh air sgilean agus chuireadh iad ri breithneachadh air a bheil feum air a' BhCT a leudachadh agus/no an e am fuasgladh gu bheil feumalachdan trèanaidh na roinne nas fhighte a steach dhan sealladh nàiseanta air sgilean.
- 5.3 Greisean Gnìomhachais – a thaobh Dioploma nam Meadhanan Gàidhlig aig SMO airson 2020/21 chan eil ach 3 oileanach (ged a tha maoin aig MG ALBA air a chomharrachadh mu choinneamh 5) a tha a' ciallachadh gum bi maoin ann airson dà 'àite' air greis gnìomhachas ann an 2021/22. Tha oifigearan a' measadh a bheil dòigh ann farpais nàiseanta a chuir air dòigh gus an taic-airgid a chuir gu dithis aig a bheil Gàidhlig is an sàs anns na meadhanan aig oilthigh, ach nach eil aig SMO. Chaidh deasbad a chumail mu ùr-ghnàthachas/teicneòlas ùr agus na compaidean a thu gu math adhartach ann an Alba agus am biodh cothrom ann cuid de na greisean gnìomhachais a chuir gan ruige a bhiodh gu math na coimhairsnachd Gàidhlig aig a' cheann thall (fiùs mura biodh na compaidean seo a' dèanamh prògraman ann an Gàidhlig, thigeadh na sgilean a dheigheadh ionnsachadh air ais gu saoghal na Gàidhlig).
- 5.4 Chaidh iomradh a thoirt air prìomhachasan MG ALBA a thaobh sgilean agus b' iad sin: a) sgrìobhadh; b) tàlant air beulaibh agus air cùl sgrìn; c) com-pàirteachas anns na meadhanan Gàidhlig; d) sgilean craft: gearradh, fèin-losgadh agus e) sgilean coimearsalta.
- 5.5 Chaidh innse gur e ro-innleachd MG ALBA: a) cleachd susbaint sgrìobtaichte BBC ALBA mar inneal airson trèanadh a thaobh sgrìobhadh agus sgilean stiùridh agus camara; b) cur air dòigh dòighean com-pàirteachais a cheadachadh; c) àrach fhèin an tàlant' a thaobh comasan gearraidh agus comasan coimearsalta; d) taic ri sgilean Gàidhlig a rèir feum gach compaideh. Tha cuideachd uallach air MG ALBA dèanamh cinnteach gu bheil luchd-solar BBC ALBA a' gabhail brath - agus a' faighinn buannachd ann an dòigh cothromach - bho na cothroman trèanadh nàiseanta.
- 5.6 Chaidh iomradh a thoirt air mar a thèid MG ALBA an sàs ann an 2021-24: a) trèanadh an cois gnè sgrìobtaichte BBC ALBA; b) FilmG agus #Càrn; c) Preantasachdan m.e. Modern Apprenticeship airson gearradh; agus Business Management Graduate Apprenticeships an

cois pasgain 2021-2024; d) taic cànan a rèir feum gach diofar companaidh agus e) greisean gnìomhachais le SMO/farpais nàiseanta.

- 5.7 Chaidh iomradh a thoirt air na cosgaisean a bhios an lùib seo do MG ALBA agus nach bi mòran atharrachaидh ann a thuilleadh air am Business Management Graduate Apprentice, agus bithear a' sìreadh taic buidhnean eile airson sin.
- 5.8 Bithear cuideachd a' sìreadh thaic bho bhuidhnean eile - thèid taic HIE agus SDS agus Sgrion Alba a shireadh gu seach àraid a thaobh Business Management Graduate Apprentice.
- 5.9 Chaidh ceist a chuir am bheil tàlant gu leòr ann agus bheil an tàlant freagarrach airson nan companaidhean agus airson MG ALBA airson na tha a dhìth a choileanadh. Chaidh innse ged a tha àite ann a thaobh a bhith ag àrdachadh tàlant nach robhas a' smaoineachadh gu bheil beàrnann ann, le daoine a tighinn air adhart gu leithid A-staigh, FilmG agus a bhith a' cur a-steach airson obraighean aig MG ALBA ach gu bheil feum air dèanamh cinnteach gun tèid na cothroman seo a thaisbeanadh ann an dòigh a bhios tarraingeach.
- 5.10 Às dèidh ceist air càite bheileas a' faighinn tuilleadas (additionality) air na thathas a' cosg air trèanadh chaidh a mhìneachadh gu bheil dùil ri 50% contribution bho companaidhean a tha a' faighinn taic CPD (dha bheil £5000 air a chomharrachadh sa bhuidseat).
- 5.11 Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a tha trèanadh airson ceannardas agus entrepeneurachd agus gu bheileas a' feuchainn ri prìomhachas a thoirt don sin le preantasan business management. Ged nach robh e comasach air a' bliadhna seo Foundation Apprenticeships a chuir an sàs, bha faireachdann ann gu robh am modail sin fhathast math a' dol air adhart gus a bhith a' toirt air daoine smaoineachadh ann an dòigh entrepeneurachd.
- 5.12 Chaidh a chomharrachadh nam b' e 's gu robhas soirbheachail ann a bhith a' glèidheadh maoin a bharrachd gu robhas deiseil agus àrd-amasach agus gu robhas a' lìonadh a' bheàrn eadar na sgoiltean/daoine òga agus a' gabhail nan cothroman airson a' Ghàidhlig. Thèid inntinn a chuir ri na nithean agus thèid bruidhinn ri HIE gus an dòigh as fheàrr fhaighinn spionadh a chuir air daoine.
- 5.13 Chaidh ceist a chuir an e Dràma an inneal/a' ghnè as fheàrr airson sgilean camara a leasachadh agus an robh na sgilean sin gluasadach (transferable) bho dhràma gu gnèithean eile agus am biodh e comasach an trèanadh a chuir an sàs air leithid prògraman aithris (documentaries) agus spòrs beò cuideachd.
- 5.14 Chaidh deasbad a chumail mu FilmG agus b' iad seo na prìomh phuingean deasbaid:
- 5.15 Dè as urrainnear a bhith a' dèanamh gus greimeachadh air leithid coding agus gaming gus bonn stèidh a thogail airson fàs an eaonamaidh didseatach a bhrosnachadh, dha

chleachdadh mar inneal a-steach do na sgoiltean. Bha beachdan ann gu robh cothrom fior math ann eòlaichean fhaighinn a-steach a thaobh gaming, VR msaa ach gu robh mothachadh ann gu robh beàrn ann a thaobh daoine le sgilean seo aig an robh Gàidhlig gus a dhol a-steach gu sgoiltean.

- 5.16 Chaidh a chomharrachadh gu bheileas ann an còmhraidhean le CGS gus IP na farpais fhaighinn gu h-iomlan agus chaidh fàilte a chuir air an sin.
- 5.17 Chaidh ceist a chuir a thaobh an ceangal eadar daoine a' tighinn tro FilmG agus dè an fhianais a th' ann bheil iad dol air adhart gu dreuchd sna meadhanan agus sa ghnìomhachas.
- 5.18 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte le na prionnsabalan ro-innleachd ach le mothachadh a thaobh a bhith a' coimhead ri trèanadh ann an Dràma (puing 5.13)
- 5.19 **Gníomhan**: 1) thèid bruidhinn ri Screen Scotland a thaobh ballrachd Buidheann Comhairleachaidh Trèanaidh gus breithneachadh air an ath cheum a bhios gu feum dhan ghnìomhachas: leudachadh ballrachd le buidhnean eile agus/no a bhith nas fighte a steach do dh'iomairtean trèanadh nàiseanta; 2) thèid tuilleadas (additionality) a shealltainn san ath fhiosrachadh a bhios air beulaibh na Comataidh; thèid bruidhinn ri HIE gus an dòigh as fheàrr spionnad a chuir ann an entrepeneurachd; 3) thèid beachdachadh air dòighean gnèithean a a bharrachd air Dràma a chleachdadh airson sgilean camara a leasachadh; 3) thèid an tuilleadh beachdachadh a dhèanamh air FilmG agus an dòigh as fheàrr air adhart le bhith ag adhartachadh leithid gaming, coding msaa agus 3) thèid rannsachadh air an ceangal eadar daoine a' tighinn tro FilmG agus air adhart gu dreuchd sna meadhanan agus sa ghnìomhachas. (**Gníomhan: IMT**)

## 6. For-ruigheachd (Outreach)

### i) Rannsachadh luchd-coimhid

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh mar a thathas a' làimhseachadh rannsachadh luchd-coimhid BBC ALBA agus mar thathas a' moladh leantainn leis an sin agus ag ainmeachadh a' phriomh cheist sa cho-theacs seo: dè an dòigh as èifeachdaiche 'àireamhan iomlan' (combined reach) a chuir an cèill airson BBC ALBA ann an saoghal ioma-ùrlar. Tha oifigearan a' faighinn comhairle co-obraichean *BBC Audiences* air a' cheist seo, agus tha TRP cuideachd a' sireadh fuasglaidhean do BhBC ALBA a thèid an sàs thar 21-24. Ged a thathas mothachail air an fheum seo, chan eileas an dùil barrachd airgid a chosg air rannsachadh sna trì bliadhnaichean ri teachd.
- 6.2 Chaidh ceist a chuir an robh na companaidhean riochdachaidh a' faighinn rannsachadh luchd-coimhid. Chaidh a ràdh nach eil gu cunbalach ach gu bheil an fhiosrachadh dha thoirt

dhaibh aig coinneamhan lèirmheis agus cuideachd aig coinneamhan ro-innleachdail gus co-roinn leotha dè na gnèithean a tha ag obair airson na seanail. Bha oifigearan den bheachd gu bheil am modh-obrach seo soirbheachail ann a bhith a' co-roinn fiosrachadh leotha.

- 6.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte gu lean oifigearan gu ruige sealladh iomlan (combined reach figures) a chuir an cèill airson BBC ALBA.
- 6.4 **Gníomhan**: leanaidh obair gus siostam ùr a chuir an sàs far am bi na modhan ùra seo gan sealltann agus thig fiosrachadh a thoirt do bhuill aig an ath choinneamh. (**Gníomh: IMT**)

ii) ***Ro-innleachd Dol an sàs Didseatach airson Luchd-coimhid/Coimhairsnachdan***

- 6.5 Bha pàipear air beulaibh bhall a' dealbhachadh prionnsabalan airson Ro-innleachd Dol an Sàs Didseatach, airson luchd-coimhid/coimhairsnachdan leis nach eil comas aig a' bhuidheann tachartasan/coinneamhan beò a chur air dòigh airson luchd-ùidh, agus anns na coimhairsnachdan againn, tha e riatanach cur an sàs ro-innleachd didseatach.
- 6.6 San àm ri teachd thathas a' moladh gun tèid Microsoft Teams a chleachdadhl gus tachartasan far a bheil suas ri 49 gu bhith còmhla.
- 6.7 Sgoiltean - tha sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail a-nis a' cur air dòigh tachartasan agus bùithlean-obrach a tha coltach ri na fèillean-dreuchdan a bha aca ro linn Covid-19. San t-Samhain, bidh MG ALBA a' gabhail pàirt ann an Siuthad, fèill-dreuchdan a tha Sgilean Leasachaидh na h-Alba (Skills Development Scotland) agus Comhairle na Gàidhealtachd a' cur air dòigh gu didseatach.
- 6.8 Airson sin tha MG ALBA a' cruthachadh sreach de bhidiothan goirid. Le sin, bidh MG ALBA deiseil airson tachartasan ann an 2021, agus ma tha cion thachartasan ann, faodar am modal seo a chleachdadhl gu tachartasan na buidhne a chur air dòigh le sgoiltean no oilthighean.
- 6.9 Tha dòchas ann cuideachd gun toir #Càrn cothrom do MG ALBA a dhol an sàs le luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ann an dòigh nas dlùithe.
- 6.10 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte leis an ri-innleachd agus leanaidh obair air.

***Ro-innleachd Dol an sàs Didseatach airson Cùisean Taobh a-Muigh***

- 6.11 Bha pàipear air beulaibh bhall agus mhìnich ED e. Tha conaltradh luchd-ùidh air leantainn air feadh na buidhne, le conaltradh cunbalach le priomh chom-pàirtichean, gu foirmeil agus gu neo-fhoirmeil air raon farsaing de chùisean. Thug Covid buaidh air cothroman airson

conaltradh neo-fhoirmeil agus foirmeil thaù dàil gum fuirich seo mar sin gu Samhradh 2021 aig a' char as tràithe.

- 6.12 Thathas a' gluasad ar fòcas chun raon dhidseatach gus leigeil leinn coimhead ri roghainnean eile seach na roghainnean traidiseanta againn a thaobh a bhith a' cumail thachartasan, choinneamhan agus chruinneachaidhean coltach ris agus cuideachd a' feuchainn ri taic a thoirt do tachartasan aig luchd-ùidh. Thairis air na sia mìosan air thoisearch bidh a' mhòr-chuid de ar conaltradh gu roghainnean didseatach, a bharrachd air riaghlaadh dàimh pearsanta.
- 6.19 Leanaidh an obair seo bho sheadh a) tachartasan corporra gu tachartasan didseatach; b) làthaireachd corporra air-loidhne leasaichte agus c) ullachadh airson gnothaichean an dèidh Covid.
- 6.13 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 6.14 **Gníomhan:** thèid plana luchd-ùidhe fa chomar a' bhùird aig coinneamh na Samhna.  
**(Gníomh: ED)**

## 7. Paca dèanadais air-loidhne – Q2 2020/21

- 7.1 Chaidh seo a chomharrachadh, le mothachadh gu robh dol an sàs air na meadhanan sòisealta sìos ri linn gainnead leithid spòrs agus tachartasan beò agus gu bheileas fhathast ag obair air YouTube a neartachadh.

## 8. GISBE

- 8.1 Dleastanasan na Comataidhean - sheall DC pàipear do bhuill agus chaidh beachdan bhall a thrusadh air ainm na Comataidh a' dol air adhart. Bha an t-ainm "Content, Skills & Engagement Committee" a' còrdadh ri buill san fharsaingeachd ach daingnichidh Cathraiche na Comataidh gu bheil e dòigheil le sin. Bidh pàipear a thaobh a' chuspair seo dha dheasbad aig coinneamh bùird na Samhna.
- 8.2 Margaidheachd – bha buill den beachd gum biodh e feumail aithisg air foillseachadh agus margaidheachd phrògraman fhaicinn aig an ath choinneamh, a' coimhead ri cùisean an-dràsta agus san ùine fada, a' gabhail a-steach plana margaidheachd leis a' BhBC cuideachd.  
**(Gníomh: IMT)**

## 9. Deit na h-ath choinneimh – Gearran 2021.

*Ainm sgriobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*